Blair 445.

NADUR AGUS FEUMALACHD AITHREACHAIS.

Tha aithreachas a' saoilsinn peacadh a bhi air a chur an gniomh an aghaidh Dhe. Far nach 'eil peacadh, cha 'n 'eil ait air son aithreachais, cha'n urrainn feum sam bith bhi air. Nam biodh daoine fireanta, neochiontach, agus naomh, bhiodh e mi-fhreagarrach an gairm gu aithreachas. Nam b' urrainn aon duine bhi air fhaotainn do 'n chinne-daoine, a rinn anns gach àm d 'a bheatha an Tighearna a Dhia a ghràdhachadh le 'uile chridhe, le 'uile inntinn, agus le 'uile neart, agus a choimhearsnach mar e fein, cha bhiodh feum aig an duine sin curam a chur air féin mu thimchioll aithreachais. Cò dheth a ghabhadh e aithreachas, neach a bha chridhe agus a bheatha a ghnàth iomlan ceart? Is e 'm peacadh, agus am peacadh amhain, a tha 'fagail aithreachais feumail, agus o nach 'eil am measg uile shliochd Adhaimh ionracan r'a fhaotainn, cha 'n 'eil fiu a h-aon, o na pheacaich na h-uile agus a tha iad air teachd goirid air glòir Dhé, tha aithreachas feumail do na h-uile, co feumail agus, as eugmhais, gur éigin dhoibh gu cinnteach a bhi caillte.

Cha 'n 'eil e ann an cumhachd duine th'air a tuiteam aithreachas a ghintinn ann fein. Is e tiodhlac Dhe e. An Ti a rinn ar n-anaman is e 'na aonar is urrainn an

athnuadhachadh a ris gu Aithreachas. 'N uair a dheonaicheas e 'n tiodhlac luachmhor agus slainteil so, co aca 's ann do *Iudhaich* no do *Chinnich*, is eisimpleir e d' a ghras cumhachdach, co maith is d' a ghras saor, cha 'n 'eil e air a bhuileachadh airson aomadh sam bith roimh laimh, toil, na gniomh ann-san da'm bheil e air a thoirt. Is ann trid gràis Dhé a tha duine a' tighinn gu bhi 'n a pheacach aithreachail agus air faotainn maitheanais. As eugmhais a' ghràis sin, bhuanaicheadh e 'n a chruadhas, 'n a uabhar, agus 'n a naimhdeas do Dhia. Is e am peacach e féin a tha 'gabhail aithreachais; ach is e gràs ar Tighearna Iosa Criosd a tha 'toirt cumhachd agus cridhe dha g' a dheanamh. Trid a ghràis so tha 'n cridhe cloiche air a thoirt air falbh, agus cridhe feòla air a thoirt seachad, a réir a gheallaidh naoimh. (Esec. xxxvi. 26.)

Mar a tha aithreachas feumail do na h-uile, agus gur cubhaidh e bhi air a shearmonachadh do gach creutair, is amhuil a tha e air a bhuileachadh air peacaich do na h-uile inbhe agus gnè. Do 'n oigridh agus do 'n mhuinntir aosda, do 'n bhochd agus do 'n bheartach, do 'n fhòghluimte agus do 'n mhuinntir neofhòghluimte, thug Dia ann an eisimpleiribh nach gabh àireamh, aithreachas chum na beatha. Cha 'n 'eil aon neach cho fada o Dhia, as nach 'eil a chumhachd-san comasach air a thoirt am fagus; no cor air bith cho neo-chosmhuil a's nach urrainn gràs an t-soisgeil ruigheachd air' Rinn an Tighearn Iosa Criosd agus abstoil, 'n am ministreachd, gairm air na h-uile seorsa pheacach aithreachas a ghabhail.

Is e aithreachas, anns a choitchionn, *atharrachadh anns an inntinn o olc gu maith, le atharrachadh da reir sin anns a' ghiulan.*

Tha cuid a' breithneachadh, gur e tomhas do dh' irisleachd chràbhaich mu 'm fag duine an saoghal so, an t-iomlan do na bheil air a rùnachadh le aithreachas. An déigh beatha a chaitheadh ann an aineolas, mi-dhiadhachd, agus neo-churam, tha iad a' saoilsinn gu-m bi an t-iomlan air a shocruchadh eadar iad fein agus an Cruith-fhear air an do chuir iad corruich, leis an ni sin a's urrainn doibh a dheanamh gu réidh 'n uair a shaoileas iad gu bheil am bàs am fagus. Mar so tha do dhànachd aca dol air an

aghaidh anns a' pheacadh, a' cur an coguisean sàmhach leis an dòchas mhealltach gu 'n dean iad an sith ri Dia le aithreachas crìche. Cha 'n e mhàin gu bheil so a' foillseachadh beachd mearachdach mu nàdur aithreachais a bhi air 'fhilleadh ann, ach tha e n 'a aon do na ribeachan cunnartach sin aig an diabhul, leis am bheil anaman neoghlic air am beò-ghlacadh aige chum a thoile, agus air an treòrchadh fa dhoille gu leir-sgrios cinnteach.

Tha dream eile 'smuaineachadh gu bheil aithreachas a' co-sheasamh a mhàin ann an leaschadh beatha. Is beachd neo-iomlan agus mearachdach so air a' ghnothuch. Tha e fior, gun leaschadh beatha, cha 'n urrainn dearbhadh a bhi air aithreachas duine gu bheil e tréibh-dhireach; ach faodaidh an caitheamh-beatha a bhi gu mòr air a leasachadh far nach 'eil an cridhe air' ath-nuadhachadh le cumhachd gràis shlàinteil. Tha aithreachas a co-sheasamh :—

1. Ann an atharrachadh air an inntinn a thaobh peacaidh. Is e 'm peacadh briseadh lagha naoimh Dhé. Is e 'n lagh so a tha 'nochdadh dhuinn ciod a tha ceart agus ciod a tha mearachdach; a tha 'g iarraidh uainn umhlachd iomlan do thoil ar Cruith-fhir; agus a tha 'toirmeasg, a' toirt am follais, agus a' diteadh na h-uile ni a tha do nadur eadar-dhealuichte. An ti, uime sin, a tha 'tuigsinn fior nàduir a pheacaidh, feumaidh eolas a bhi aige air farsuinneachd agus fior-ghloine an lagha sin an aghaidh am bheil e air a chur an gniomh. Tha 'n t-Abstol Pòl ag innseadh dhuinn, nach b' aithne dha peacadh ach tre 'n lagh; oir is ann tre 'n lagh a tha eòlas peacaidh. Ach tha aon earrann do thruaighe pheacach neo-aithreachail 'n a luidhe anns nach 'eil beachdan cothromach aca air an riaghailt naoimh sin. Mar a tha iad aineolach air fireantachd agus naomhachd Dhé, tha iad, air a' cheart dòigh, a thaobh fior-ghloine agus spioradalachd a lagha.

Ach ann an Aithreachas tha 'n inntinn air tionndadh o dhorchadas gu solus. Le teagasgaibh Spioraid naoimh Dhé, tha farsuinneachd an lagha air a thuigsinn, mar a ta e 'ruigheachd cha 'n e mhain air gniomharan na beatha o 'n leth a muigh, ach air smuaintibh, gluasaid, agus rùnaibh a chridhe, a' diteadh gach droch smuain, agus

droch thograidh. An sin tha 'n àithne 'teachd dhachaidh dh' ionnsuidh na coguis le solus agus cumhachd a tha 'toirt làn bhuaidh, air chor a's gu 'm bheil an t-aithreachan a' toirt an aire do mhile ni a bhi peacach ann an sealladh Dhé, anns nach robh e roimhe 'smaointeachadh gu'n robh gnè sam bith do choire. Tha lionmhoireachd euceartan a chridhe agus a bheatha a 'tighinn am follais ; tha 'm peacadh ag ath-bheothachadh 'n a choguis, 'n a uile choslais oillteill, le agartas uamhasach air cionta, agus mothachadh gu bheil e 'toilltinn feirge Dhé. Tha lagh Dhé a nis air 'fhaicinn 'n a fhior nàdur, mar a ta e naomh, cothromach, agus maith. Tha sealladh a' pheacaich d 'a thaobh air atharrachadh gu tur. Tha e 'faicinn gu bheil na tha air iarraidh leis cothromach agus reusanta, 'n uair a tha e 'gairm air an Tighearna a Dhia a ghràdhachadh le 'uile chridhe, le 'uile inntinn, agus le 'uile neart, agus a choimhearsnach a ghràdhachadh mar e féin.

Uaithe so, tha geur-mhothachadh ag eirigh mu 'n fhior olc a tha' s a' pheacadh ; gur e 'n tuarasdal dligheach aige am bas ; gu 'm bheil am peanas a's miosa dligheach do 'n pheacach, air son 'euceartan lionmhor : agus nach biodh aon eucoir maille ri Dia, ged chuireadh e binn uamhasach a lagha an gniomh air. Mar so, tha 'm peacadh trid na h-àithne a' fàs, no air 'fhaicinn, ro pheacach, mi-reusanta, agus olc.

Tha 'n t-aithreachan a nis a' faireachduinn gu 'm bheil anns a' pheacadh eucoir, mi-thaingealachd, agus ceannairc ; gu 'm bheil air 'fhilleadh ann, dimeas air Dia, naimhdeas 'n a aghaidh, agus cur an aghaidh a righ-chaithreach, 'uachdaranachd, agus eadhon a dhearbh bhith. Ma thairgeas leanabh dimeas d' a athair talmhaidh, tha a ghiulan gu mòr na 's graineala na leithid sin do ghnàthachadh a thairgseadh do choigreach. Mar is glice, agus is bàigheala, am pàrant, is ann is mi-nadurra, agus is uamharra mi-thaingealachd an leinibh.—Ma bhitheas an eucoir air a cur an gniomh gun bhrosnuchadh ; ma bhitheas i air a cur an gniomh an aghaidh eiseimpleiribh do-aireamh do chaoimhneas, tha a chionta air a leantuinn leis an tuilleadh antromachadh. Ach ma tha an droch-bheart air a deanamh

an aghaidh Uachdarain, Uachdaran dligheach, glic, maith agus trocaireach, tha cionta a' pheacaich fathast na 's doimhne. Giulain an dòigh reusanachaidh so air adhart.—Gnàthaich e 'thaobh pheacanna, a thaobh muilleinean agus muilleinean do bhrosnachaidhean, air an cur an gniomh le creutairibh eisimeileach an aghaidh an Sealbhadair dhlighich, an ard Thriath, Ughdar am beatha, Fear-tabhairt nan uile nithe maith a rinn iad a mhealtuinn; neach a tha 'n a Dhia neo-chriochnach fior-ghlan, aig am bheil gliocas gun tomhas, agus maitheas gun choimeas; agus bithidh tu gu h-iomlan neo-chomasach air a bhreithneachadh cia sgreataidh a tha'n leithide sin do pheacanna, no ciod am peanas a tha 'n leithide sin do chiontaich a' toilltinn. 'N a leithid sin do sholus tha 'm peacach aithreachail ag amharc air 'euceartaibh. "A' t'aghaidh, a' t'aghaidh Fein a mhàin pheacaich mi, agus rinn mi olc a' d' shealladh:" Dhuitse thugadh am masladh; is tusa, O Dhé, an Ti air an d' rinneadh an eucoir le mo ghiulan mealltach. Is i t-fhirinn-sa a rinn mi aicheadh; is i t-uachdranachd air an d' rinn mi dimeas, is iad t-aitheantan d' an d' thug mi eas-umhlachd; agus is iad do bhagraidhean a chuir mi ann an suarachas; is e t-ainm d' an d' thug mi eas-urram; is ann riutsa a bhuin mi gu cealgach, agus gu claon, ré mo bheatha uile.

Tha an-tromachadh sònruichte a' pheacaidh air a chuimhneachadh leis an aithreachan.—Mar so tha e ri aideachadh iriosal an lathair a Chruithfhir agus a Bhreitheimh: "Pheacaich mi ré uine fhada; ré iomadh bliadhna rinn mi ceannairc a' t'aghaidh-sa. Pheacaich mi le run-suidhichte, agus le lan aontachadh nan uile bhuaidhean a thug thu dhomh. Bhris mi troimh na ceanglaichean abu treise agus, thairis is thairis, bhris mi troimh mo ruintean agus mo cheanglaichean féin. Pheacaich mi 'n aghaidh a' mhothachaidh a bu shoilleire, an aghaidh soluis agus eolais. Pheacaich mi 'n aghaidh tròcairean, agus an aghaidh breitheanais; an aghaidh rabhaidhean agus achmhasain dhaoine, agus an aghaidh a smachdachaidhean ag Dhé ann an corruich. Tharruing mi dream eile chum peacaidh maille rium féin, agus bha mi 'am inneal ann am mòran a thareorachadh gu slighean an leir-sgrios. O meud na rinn

mi!" Cha 'n 'eil am mothachadh so air peacadh aotrom. Tha e domhain; tha e 'drùigheadh air a' chridhe agus air an inntinn. Tha e 'luchdachadh na coguis, agus a' cur dragh mòr air an anam. Tha e 'toirt air a' pheacach éigheach a mach le mòr chudthrom, "Mo thruaighe mise! oir chaidh as domh; oir is duine mi aig am bheil bilean neo-ghlan, agus lamhan salach! Chaidh euceartan thar mo chinn, mar eire thruim tha iad ro throm air mo shon."

Cha 'n 'eil an sealladh so do pheacadh mar phlaghadh, ach a' buanachadh. Cha 'n 'eil e cosmhuil ris a sin aig Pharaoh, neach am feadh a bha breitheanas éigin trom 'n a luidhe air, a bha mothachail air an olc a rinn e, agus, thairis is thairis, a dh' aidich gun do pheacaich e; ach 'n uair a bha'n cruaidh-chas air a thoirt air falbh, phill cruas a chridhe mar a bha e roimhe. Cha 'n 'eil e cosmhuil ris a sin aig Ahab, neach, ré uine ghoirid, a dh' irislich e féin an lathair Dhé. Bha sealladh goirid aig Simon Magus d' a pheacadh, agus rinn e aidmheil air, gidheadh cha robh doilgheas air a chum aithreachais. Ach a thaobh an fhior aithreachain, tha mothachadh air olc a' pheacaidh a' mairsinn. Tha a pheacadh an comhnuidh 'n a fhianuis; oir tha 'inntinn agus a chridhe a nis d' a thaobh air atharrachadh gu h-éifeachdach. Cha' n 'eil e d' a thaobh-san mar a ta e thaobh mòrain a rinn Dia fhiosrachadh le euslainte chorporra, agus a tha fo mhothachadh gu bheil an crioch am fagus. Tha iad a' sealltuinn cosmhuil 's an am ri bhi fo mhòr churam, agus trom mhothachadh aca air an olc a rinn iad; ach cha luaithe tha 'n eagal roimh theachd a bhàis air a thoirt air falbh, agus an slàinte air a h-aiseag dhoibh, na philleas iad maille ris a' mhadadh chum a sgeith, agus maille ris a mhuic a chaidh a nigheadh chum a h-aoirneagain 's an lathaich. *Na 's faide.* Tha 'n t-atharrachadh inntinn so a thaobh peacaidh, a' cur an duine gu rannsachadh durachdach an déigh saorsa uaithe. Tha 'choguis a nis 'n a dusgadh gu mothachadh d' a chunnart. Cosmhuil ri luchd-éisdeachd Pheadair air latha na Cuingis, tha e air a bhioradh gu rnig an cridhe, agus le uile chiocras duine fo throm mhothachadh air a bhi ann an staid thruaigh agus chaillte, tha e 'glaodhaich, "Fheara agus a

bhraithre, ciod a ni mi?" No, maille ri fear coimhead a phriosain, "A mhaighstirean, ciod is còir domh a dheanamh chum gu-n tèarnar mi?" Am bheil cabhair sam bith, slighe dol as air bith, dòchas sam bith air son tròcair do leithid do neach a 's a ta annamsa? Ciod an cùrsa a ghabhas mi? Co dh' ionnsuidh a theicheas mi? Anns an teinn so tha e air a threòrachadh chum cathrach nan gràs. Feuch, tha e ri urnuigh. Cha 'n 'ann le coslas gun bhrigh, ach le ciocras nan deisciobul anns an stoirm, "A Thighearna, teasairg sinn: a ta sinn caillte." Tha a dhearbh anail a nis 'n a h-anail n-urnuigh. Anns an tigh, agus air an t-slighe, aig an tigh, agus uaithe, tha 'anam a' dol suas chum Dhé, le glaodhaich dhurachdaich air son maitheanais agus slàinte. 'N a mhionaidean uaigneach, agus ann an gniomharaibh cràbhaidh fhollaisich, tha e 'teachd an làthair Dhé, cha 'n ann le cainnt an Phairisich, "A Dhé, tha mi 'toirt buidheachais duit nach 'eil mi mar a ta daoine eile—tha mi a' trasgadh—tha mi 'pàigheadh deachaimh—tha mi 'toirt seachad déirce;" ach, maille ris a' chis-mhaor, fo fhéin-dhiteadh, tha e' bualadh 'uchd, agus ag éigheach, "A Dhé dean tròcair ormsa a tha 'am pheacach!" No, cosmhuil ris an aithreachan rioghail o shean, "Dean trocair orm, a Dhé, a réir do chaoimhneis gràidh; a réir lionmhoireachd do chaomh thròcairean, dubh as m' eusaontais. Gu h-iomlan ionnail mi o m' lochd agus glan mi o m' pheacadh." Thuirt an Tighearna, gu 'm pill peacaich d' a ionnsuidh le gul, agus gu 'm bi iad air an treorachadh le breith-buidheachas. 'N uair a thainig am mac stròdhail d' a ionnsuidh féin, is e sin, 'n uair a bha 'inntinn air a h-atharrachadh, agus a thainig e gu bhi 'n a fhior aithreachan, ciod an cùrsa a chuir e roimhe? "Eiridh mi," ars esan, "agus théid mi dh' ionnsuidh m'athar, agus their mi ris, Athair, pheacaich mi an aghaidh fhlaitheanais agus a' d' làthair-sa: agus cha 'n airidh mi tuilleadh gu 'n goirteadh do mhac-sa dhiom." Is i cainnt iomchuidh an aithreachain, aidmheil air peacadh. Tha a chridhe làn 'g a thaomadh fein a mach air an dòigh so. Cha 'n urrainn da, cha 'n àill leis a pheacadh fhalach an lathair a Chruithfhir. Tha e 'g a aideachadh gu saor, gu h-iomlan, agus gun cheiltinn. Tha e 'g a chasaid agus

'g a dhiteadh féin, agus ag aideachadh gu saor a thoilltinnais. "'N uair a bha mi a' m' thosd," arsa 'n Salmadair, "luidh aois air mo chnàmhaibh, le 'm bhuireadh fad an latha. Dh' aidich mi mo pheacadh, agus cha do cheil mi m' euceart."

Tha am mothachadh so air peacadh a' còmhdach duine le nàire agus amhluadh gnùise. Tha féin-thaitneachd air tionndadh gu féin-ghràin; féin-chliuthachadh gu féin-fhuathachadh. Tha briathran Iob air an gnàthachadh a nis, mar na briathran a's ro-fhreagarraiche do chor a pheacaich. "Feuch, tha mi gràineil, gabhaidh mi gràin diom féin, agus ni mi aithreachas ann an duslach agus an luaith." Mar so tha 'n fhaidheadaireachd air a coimhlionadh, "An sin cuimhnichidh sibh 'ur droch shlighe fein, agus 'ur deanadais nach robh maith, agus fuathaichidh sibh sibh fein, ann 'ur sealladh fein, air son 'ur n-euceartan, agus 'ur grainealachdan." Mar so bha Ephraim aithreachail air a nàrachadh agus fo amhluadh a chionn gu-n do ghiulain e masladh 'òige. Agus tha Pòl a' cur an cuimhne nan creideach anns an Ròimh, gun robh a nis nàire orra de na nithe sin a bha iad a' cur an gniomh roimhe. "Ciod an toradh a bha agaibh an sin anns na nithibh sin, a ta nis a' cur nàire oirbh?"

2. Tha aithreachas a' comh-sheasamh ann an doilghios neo-chealgach air son peacaidh,comh-cheangailte ri creidimh anns an Fhear-shaoraidh ghlòrmhor, agus dòchas tròcair d' a thrid-san. Gun tomhas éigin de chreidimh agus de dhòchas, tha sinn ag aithneachadh, nach 'eil cridhe peacaich gu brath air 'irisleachadh gu firinneach. B 'e 'm brosnachadh coitchionn chum aithreachais a bha air a sparradh le Criosd agus Abstola, "Tha rioghachd nèimh am fagus; deanaibh aithreachas agus creidibh an soisgeul." Ni dòchas ann an tròcair Dhé an cridhe mhaothachadh, ceannsaichidh e 'n t-anam ceann-laidir, agus oibrichidh chum briseadh cuibhrichean a' pheacaidh.

Cha 'n urrainn an duine sin a bhi ann an staid theàruinte, a tha 'aithreachas ag éirigh a mhàin o mhothachadh air e bhi ann an staid chaillte, agus a tha gu h-uile 'n a choigreach do chreidimh agus do dhòchas an t-soisgeil. Tha e air a ràdh gu-n do ghabh Iudas aithreachas; ach

bha e co fada o aon dochas maitheanais a bhi aige, a's gu 'n do chuir e, ann an eu-dochas domhain agus dorcha, crioch air a bheatha féin. Cha 'n fhaic sinn aon choslas air fior aithreachas ann an Cain. Lan uamhais agus buaireis, ghlaodh e mach, "Is mò mo pheanas na gur urrainn mi 'ghiulan;" agus theich e o lathair an Tighearn. Fuadaichidh eu-dochas duine o 'Chruith-fhear; ach bheir aithreachas am fagus e. Faodaidh uamhasan Dhé a choguis a lionadh le geilt, ach tairngidh a chaoimhneas-gràidh am peacach aithreachail g 'a ionnsuidh féin. "Le gràdh siorruidh ghràdhaich mi thu, uime sin tharruing mi thu le caoimhneas gràdhach." Tha aithreachas chum slàinte air a chur sios gu soilleir anns a' chuibhrionn chomh-arraichte sin do fhocal Dhé. Sech. xii. 10. "Agus dòirtidh mi air tigh Dhaibhidh, agus air luchd-àiteachaidh Ierusaleim, spiorad nan gràs agus nan athchuingean; agus amhaircidh iad air-san a lot iad, agus ni iad caoidh air a shon, mar a chaoidheas duine airson aoin mhic, agus bithidh an doilghios air a shon mar dhoilghios aír son ceud-ghin." B' iad ar peacanna a bha 'n an aobhar air bàs an Fhir-shaoraidh. B' iad doilghios 'anama. "Lotadh e air son ar peacaidh-ne, bhruthadh e air son ar n-aingidh-eachdan." Agus iadsan aig am bheil an Aithreachas a réir an t-soisgeil, tha iad ag amharc air Criosd mar air a lot air an sgathsan, agus a' basachadh air son an lochd-an. Is e toradh an t-seallaidh so caoidh, oir ann am fior Aithreachas tha doilghios neo-chealgach air son peac-aidh, agus cràdh cridhe air son a pheacaidh féin. Mar so tha 'n salmadair ag radh, "Bithidh mi doilich airson mo pheacaidh;" air son a' pheacaidh a chuir mi 'n gniomh an aghaidh Dhé a tha neo-chriochnach ann an tròcair agus am maitheas; air son a' pheacaidh leis an do bhrosnaich esan, a chuir doilghios air a Spiorad Naomha, agus a thog cràdh dha 'n a chridhe.

Tha 'n t-aithreachan a' caoidh air son peacaidh anns an fhreumh aige, co maith is anns na geugaibh aige, airson truaillidheachd a nàduir, co maith ri eu-ceartan a bheatha. Is i cainnt a' pheacaich aithreachail, "Feuch, ann an euceart dhealbhadh mi, agus ann am peacadh ghabh mo mhathair mi 'n a broinn." Tha mi uile gu leir mar ni neo-ghlan.

Tha mo dhearbh chridhe gràineil, cealgach thar na h-uile nithe, agus do-leigheas. "'N uair a b' àill leam am maith a dheanamh, tha 'n t-olc a lathair agam. Och is duine truagh mi! co a shaoras mi o chorp a' bhais so?" Gu cinnteach, cha robh riamh air aghaidh na talmhainn, truaghan co gràineil, agus co truaillidh riumsa. Agus am bheil fathast trocair ann do neach co neo-airidh, agus co ciontach? Tha dochas do thaobh so 'n a eallaich throm air m'-anam, aig a' cheart àm anns am bheil e 'toirt saorsa dha.

Tha 'n doilghios so air son peacaidh, mu 'm bheil sinn a' labhairt, tréibh-dhireach agus làidir. Tha 'n cridhe air a bhriseadh. Tha 'n duine de spiorad leointe, agus a' criothnachadh roimh fhocal na firinn. Tha e 'tuiteam sios ann an doimhne irisleachd an làthair Dhé. Tha e 'g aideachadh gur e fein ceann-feadhna nam peacach, agus neo-airidh air a' chuid a's lugha de uile throcairibh Dhé. Tha e air a shaoradh o 'n uabhar cridhe sin aig an robh uachdranachd thairis air aon uair, agus tha e nis de spiorad iriosal.

Tha 'n doilghios so anns am bheil dearbh nàdur fior aithreachais a' comh-sheasamh, air a dhusgadh suas le foillseachadh creideach air fulangasaibh agus bàs Chriosd air son ar peacaidhean. 'N a fhulangasaibh agus 'n a bhàs, tha olcas a' pheacaidh air a thaisbeanadh. An so, faodar fhaicinn cia mor a' chulaidh bhrosnachaidh a bha 'n ar peacannaibh do 'n Ti is àirde. Chum réite dheanamh air son ar peacanna, sgeudaich Mac Dhe e féin le feoil bhàsmhor, striochd e do 'n bhochdainn a b' ìsle, rùisgeadh e do nàire agus do mhasladh, bha e ann an cruaidh-ghleachd anama 's a' ghàradh, sheas e tosdach agus air a dhiteadh aig mòd Philait, bha e air a thàirneachadh ris a' chrann-cheusaidh, agus an sin thug e suas an deò.

"Mo leonadh!" tha am peacach aithreachail ag radh, "bha doilghiosan Uain neo-lochdaich Dhé air an toirt air le 'm lochdaibh-sa, agus air am fulang air mo sgath-sa! Air son mo pheacanna bha e air a thoirt thairis do làmhaibh dhaoine an-iochdmhor; agus dh' òl e cupan searbh na truaighe. Shàraich m' euceartan 'anam naomh, agus rinn iad e ro bhrònach eadhon gu bàs. Thug mo lochdan

sios Tighearna na glòire le nàire agus cràdh dh' ionnsuidh na h-uaighe. Air mo shon-sa lotadh e le droighionn, lotadh e leis na tàirngnibh, lotadh e leis an t-sleagh, agus, an ni bu mho na sin uile, lotadh e le claidheamh uamhasach ceartais, a bha air a ghairm a mach gu dusgadh 'n a aghaidh-san, 'n a uile uamhasaibh lasarach. An urrainn mi smuaineachadh air a so agus gun e dhrùghadh orm? Nach 'sil mi deoir an aithreachais air son mo pheacanna, 'n uair a tha mi 'faicinn Iosa a' dòrtadh 'fhala luachmhoir g' an glanadh air falbh? *Fhulangaiche* ghloirmhoir! Am bi mise na 's caomhantaiche air mo dheòir, na bha thusa air t'fhuil?

Ni gradh Chriosd air' fhoillseachadh 'n a bhàs, an cridhe leaghadh chum fior Aithreachais. Ghràdhaich e sinn, agus dh' ionnlaid e sinn o ar peacannaibh 'n a fhuil féin. O an sealladh druighteach! Am feadh a dh'amhairceas sinn r'a chrann-ceusaidh, agus a bheachdaicheas sinn air a ghràdh-san a bha an crochadh air, 's maith a dh' fhaodas ar doilghios diadhaidh bhi air a dhusgadh, agus deoir an aithreachais sileadh gu frasach.

Ni smuaineachadh air na sochairean a tha sinn a' faotainn o bhàs an Fhir-shaoridh trid gràis, a' ghnè shona inntinn a tha sinn ag ainmeachadh a chur air aghaidh; 'n uair a tha sinn fo chudthrom le mothachadh air meudachd agus uamharrachd ar peacanna, air ar deanamh comasach, tre chreidimh, gu amharc air Uan Dhé a tha' toirt air falbh peacaidh an t-saoghail, agus misneach air a thoirt dhuinn gu dochas 'altrum air son slainte iomlain d'a thrid-san.

Tha sealladh de throcair a tha 'toirt maitheanais roéifeachdach, a' maothachadh agus a' leaghadh a chridhe chum broin dhiadhaidh. Bhrosnaich so Muire aithreachail gu gul aig casaibh an Fhir-shaoraidh, gu an ionnlaid le a deuraibh, agus gu an tiormachadh le falt a cinn. Bha mòran aice air a mhaitheadh, ghràdhaich i gu mòr, agus rinn i caoidh mhòr. Cha b'e so doilghios eu-dochais, cosmhuil ris doilgheas Iudais; ach doilghios air a mheasgadh le creidimh agus dòchas. Tha aig sealladh do shaorsa, agus dochas ri trocair, buaidh chaomhail air an inntinn, a dh'fhosgladh nan tobraichean aig doilghios diadhaidh.

3. Ann an Aithreachas firinneach tha duine a' cur cùl ris na h-uile muinghinn 'n a fhireantachd féin. Tha e 'tighin gu bhi marbh do'n lagh, mar choimh-cheangal oibre. Tha a bheul gu bràth air a dhruideadh o luaidh a dheanamh air 'fhireantachd féin, mar stéidh gu 'dheanamh taitneach ann an làthair Dhé. 'Se am Fear-Saoraidh glòirmhor a nis aon chuspair 'earbsa. Cha 'n 'eil aon dòchas aige ri sith ri Dia, ri fireanachadh 'na làthair, no ri sonas siorruidh, ach trid Iosa Criosd.

4. Tha aithreachas a' criochnachadh ann an tionndadh o pheacadh gu naomhachd, anns a' bheatha, agus anns a' ghiulan. Cha chomasach a dhearbhadh gu bheil e tréibh-dhireach as eugmhais so. Tha toradh iomchuidh ann chum Aithreachais. Ma tha iad sin air chall, is diomhain duinn aidmheil a dheanamh gu 'n deachaidh 'oibreachadh annainn. Tha 'm peacach aithreachail a' treigsinn an ni sin air son am bheil e ri bròn. Ghuil Saul, dh' umhlaich Ahab e fein, ghabh Felics eagal mor, ghabh Iudas aithreachas, ach cha d' thug a h-aon diubh co fhad 's a's fhiosrach sinne, a mach toradh iomchuidh do 'n aithreachas.

Mar a ta am fior aithreachan ag aideachadh a pheacanna do Dhia le saorsa agus farsuinneachd, is amhuil a tha e 'cur cul riu ann an cleachdadh. Agus cò air bith a dh'aidicheas agus a thréigeas a pheacadh, gheibh e trocair.

Cha chòir dhuinn breith a thoirt air éifeachd ar n-aithreachais le leithid do chomharan caochlaideach agus neochinnteach, a's a tha 'sruthadh na's mo o chàil a' chuirp, na o ghnè na h-inntinn; no tuilleadh o aignidhibh ealamh, agus o ghluasad làidir, na o inntinn shuidhichte. Tha deoir gu tric air an sileadh far am bheil beagan doilgheis, agus tha 'n doilghios a's doimhne aig amanna air fhaireachduinn gun deoir sam bith. Esan nach 'eil a' faireachduinn aon doilghios airson peacaidh, tha aobhar aige teagamh a chur ann an treibhdhireas 'aithreachais; o'n a tha e 'g amhare cosmhuil nach 'eil e da rireadh mothachail air an fhior olc a tha anns a' pheacadh, ach cha bhi 'n tomhas a's airde do dhoilghios 'n a làn chomhara air aithreachas, mur 'eil gnè shuidhichte na h-inntinn air atharrachadh, agus mur 'eil toradh iomchuidh do 'n

Aithreachas air a thoirt amach anns a' chaithe-beatha agus 's a' ghiulan. Cha 'n fhaod aon tomhas do dh' uamhasaibh 's an leth a stigh aig a choguis, cha 'n fhaod aon seirbhis spleamasach do chràbhadh o 'n leth a muigh, a bhi air a chur suas ann an aite co-chumadh gniomhach ri toil Dhé, mar dhearbhadh air Aithreachas.

Tha an nuadhachd beatha a tha comh-cheangailte ri aithreachas a' gabhail a stigh a bhi 'cur cul ris na peacannaibh sin d' an robh sinn roimhe ciontach, agus cur an gniomh nan dleasnas sin a rinn sinn gus a so a dhearmad.

Bu chòir ath-dhioladh a bhi air a dheanamh mar an ceudna, co fada 's a cheadaicheas ar cothrom e do 'n dream air an d' rinn sinn eucoir ann an laithibh 'ar n-aineolais. Bu chòir dhuinn ar culaidh-mhathais a dheanamh a chur air an rathad cheart neach sam bith a mheall, no a chuir sinn air seacharan roimhe. Ma chuir sinn a chòir féin a dhith air duine sam bith, feumaidh sinn a' cheud chothrom a ghabhail air a h-aiseag dha. Ma rinn sinn eucoir air deadh-ainm neach sam bith, no ma mhill sinn a chliu air dòigh sam bith le tuaileas, bu chòir dhuinn, gun suim do 'n naire no do 'n mhasladh a dh' fhaodas teachd oirnn, meadhonan iomchuidh a ghabhail a chur an aghaidh an deireis a rinn sinn le'r breugaibh. Cha bu chòir ni sam bith a bhi air a leigeadh seachad a ghabhas deanamh, a chur an aghaidh nan droch ionnrachdan aig 'ar giulan mi-chothromach 's an ùine chaidh seachad. An urrainn dhuinn a smaointeachadh gu bheil aidmheil an duine sin a thaobh Aithreachais tréibhdhireach, a tha 'gleidheadh an ni a spion e air falbh o 'n t-sealbhadair dhligheach le slaoight, ana-ceartas, no foireigin? An seas cur am fiachaibh air son creidimh, agus an dean samhladh diomhain do chrabhadh deòthasach na riaghailtean mòra agus neo-chaochlaideach aig reusan agus ceartas atharrachadh; no 'n d' thoir iad dha còir gus an ni sin a ghleidheadh nach robh aon chòir aige gu thoirt leis? Gu cinnteach cha dean. Tha sinn a' faicinn cia mar a dh' oibrich Aithreachas ann an Sacheus, Lucas xix. 8. "Feuch, a Thighearn, a ta mi toirt leth mo mhaoin do na bochdaibh: agus ma thug mi aon ni o neach air bith le casaid bhréige, tha mi 'toirt dha a cheithir

uiread." Is e so an dòigh anns am bheil gràs an t-soisgeil ag oibreachadh air cridhe an fhior aithreachain.

Ciod air bith na meadhonan leis an robh sinn air ar dùsgadh o mharbh-chadal a' pheacaidh, ma tha ar n-aithreachas tréibhdhireach, bithidh gnè ar n-inntinn air atharrachadh, agus bithidh ar cridheachan tréibhdhireach ann an reachdaibh Dhé. Bithidh sinn comasach air a ràdh, maille ris an t-Salmadair, " Uime sin measam do reachdan uile a thaobh gach ni ceart : is fuathach leam gach slighe bhreugach." Bithidh gràin againn do'n ni sin a ta olc, agus sin a chionn gu bheil e mar sin. Bithidh e 'n a ghnothuch mòr ré fad ar beatha sinn féin aicheadh, ar crann-ceusaidh a thogail, agus Iosa a leantuinn. Claoidhidh sinn gniomhara na colla trid cuideachaidh eifeachdaich an Spioraid Naoimh ; ceusaidh sinn an fheoil maille r 'a h-antograibh agus a h-anamiannaibh ; ni sinn stri an aghaidh peacaidh, agus ni sinn faire agus urnuigh chum nach tuit sinn ann am buaireadh. Bithidh ar cridheachan air an aomadh chum teisteis Dhe, o ghradh d' a ainm, o shuim d' a ughdaras, agus o thogradh air son a ghlòire,—chum nach faigh ainm Dhé, agus a theagasg toibheum trid aon eisimpleir do dhroch-ghiulan annainne. Bithidh sinn trid gnàth-chleachduinn fo chùram, gu 'm bi Dia, anns na h-uile nithibh, air a ghlòrachadh leinne ; agus gu 'n dean sinn a theagasg maiseach le bhi giulan mòran toraidh. Tha so uile air a chomharrachadh a mach ann an cor an aithreachain rioghail : " Chnuasaich mi mo shlighean, agus phill mi mo chasan ri d' theisteasaibh. Rinn mi deifir, agus cha robh mi màirnealach, chum t'aitheantan a choimhead."

Is e 'shamhuil so aithreachas. Tha e 'filleadh ann atharrachadh iomlan air an inntinn a thaobh an ni sin uile a' b' aon aobhar air a dheanamh feumail. Tha e' comhsheasamh ann an doilghios diadhaidh air son ar graineal-achdan iomarcach, ann an cridhe 's 'an gluasad, ceangailte ri creidimh anns an Fhear-shaoraidh ghlòrmhor, agus dòchas ri tròcair d' a thrid-san. Tha e 'gabhail a stigh dubh-chùl a bhi air a chur ris gach uile earbsa anns an fheoil, agus amharc air son a bhi taitneach an lathair Dhe trid fireantachd Iosa Criosd amhàin. Agus tha e 'crioch-

nachadh ann an tionndadh o pheacadh gu naomhachd, ann an caitheadh-beatha 's an gluasad.

Agus feumaidh sin gu cinnteach a bhi mor chudthromach a tha deanamh suas teachdaireachd shònruichte o Dhia gu daoine peacach.

Bha roimh-ruithfhear an t-Slanuighir ghlòirmhoir 'n a shearmonaiche air Aithreachas, agus dh' òrduich e dhoibh-san a thainig gu bhi air am baisteadh leis, toradh iomchuidh do 'n Aithreachas a thoirt a mach. Thainig Iosa Criosd e fein leis an teachdaireachd so o 'n àirde; "Deanaibh-se aithreachas, agus creidibh an soisgeul." Tha e 'saoradh a shluaigh, cha 'n ann *'n am* peacaibh, ach o 'm peacaibh. Is i a chainnt, "Mur dean sibhse aithreachas, sgriosar sibh uile." Tha e 'g innseadh dhuinn, nach d' thainig e ghairm nam firean, ach nam peacach chum Aithreachais. Dh' orduich e d'a dha abstol deug an teagasg ceudna shearmonachadh. An déigh aiseirigh Chriosd, bha 'n t-ordugh aca air 'ùrachadh; ach bha e fathast do 'n ghnè cheudna, gu 'm biodh Aithreachas agus maitheanas peacaidh air an searmonachadh 'n a ainm-san do na h-uile chinnich, a' toiseachadh aig Ierusalem.

An déigh dol suas Iosa, 'n uair a bha na h-abstoil air an làn sgeudachadh le cumhachd 'o na h-ardaibh, chaidh iad mu thimchioll na h-oibre mòire aca anns an doigh so, fo dheachdadh an Spioraid Naoimh, ag radh, "Deanaibh aithreachas, agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Criosd, chum maitheanais pheacanna. Air an aobhar sin deanaibh-se aithreachas, agus bithibh air bhur n-iompachadh, chum gu 'm bi bhur peacanna air an glanadh as." Do leithid a's a bha aithnichte a bhi ann an domblas na seirbhe, agus fo chuibhreich na h-eucorach, bi an teachdaireachd, Gabh aithreachas, agus guidh air Dia. Chuir iad an céill, gu 'n d' àithn Dia a nis do na h-uile anns gach àit aithreachas a dheanamh: do bhrigh gu 'n do shuidhich e là anns an toir e breth air an t-saoghal ann am fireantachd, tre 'n duine sin a dh' òrduich e.

Cha do gheall Dia 'n a ghràs agus na thròcair riamh maitheanas do pheacach neo-aithreachail; ni mò tha aon eiseimpleir againn ann am focal Dhé, air maitheanas pheacanna as eugmhais Aithreachais. Is e guth tròcair do dhaoinibh ciontach, Deanaibh-se aithreachas, chum gu 'm

bi bhur peacanna air an glanadh as. "Tréigeadh an t-aingidh a shlighe, agus an duine eucorach a smuainte; agus pilleadh e ris an Tighearn, agus nochdaidh e tròcair dha; agus ri ar Dia-ne, oir bheir e maitheanas gu pailt." 'N uair a tha Criosd, an Ceannard agus an Slanuig hear urramach a' toirt Aithreachais, tha e mar an ceudna 'toirt a bheannachaidh gun choimeas,—maitheanas pheacanna.

Ma's e aithreachas atharrachadh buileach air an inntinn o pheacadh gu naomhachd, le atharrachadh freagarrach 'n a chuideachd air a' chaitheadh-beatha 's air a' ghiulan, feumaidh e bhi uil'-fheumail chum sonais dheireannaich air nèamh. Oir as eugmhais naomhachd cha 'n fhaic neach air bith an Tighearn. Bhiodh e 'n aghaidh gliocais, fior-ghloine, firinn, agus eadhon gràis agus tròcair an Ti a 's Airde, peacach neo-aithreachail a thoirt do nèamh. Bhiodh e 'n aghaidh a rùin ghloirmhoir a thaobh slàinte; oir tha sin, trid naomhachaidh an Spioraid, chum umhlachd, agus crathadh fola Iosa Criosd. Thagh Dia sinne annsan, chum gu 'm bitheamaid naomh. Bhiodh e 'n aghaidh a shior dhòigh ghnàthaichte. Is i shior dhòigh ghnàthaichte, Aithreachas chum na beatha a dheònachadh dhoibh-san uile a bheir e gu sealbh anns a' bheatha sin, mar a thiodhlac féin, Iosa Criosd.

Ann an aon fhacal; is co cudthromach a tha shamhuil sin do ni a's Aithreachas a thaobh Dhé, a's gu bheil aig an neach a tha 'g a shealbhachadh còir ann an geallannaibh agus an gràs an t-soisgeil, agus tha esan nach 'eil 'g a shealbhachadh, buailteach do chorruich uamhasaich an Dé sin a tha 'n a dhioghaltair air peacadh.

Uime sin, arsa Pol ri seanairibh Ephesuis, "Tha fhios agaibh, cionnus nach do ghlèidh mi ni sam bith am folach a bha feumail dhuibhse, gun a nochdadh dhuibh, agus gun sibhse a theagasg am follais, agus o thigh gu tigh. A' deanamh fianuis araon do na h-Iudhaich, agus do na Greugaich, mu *Aithreachas* a thaobh Dhe, agus mu chreidimh a thaobh ar Tighearna Iosa Criosd." Gniomh. xx. 20, 21.

London: The Religious Tract Society,
56 Paternoster Row, 65 St. Paul's Churchyard, 164 Piccadilly.
MANCHESTER: CORPORATION STREET. BRIGHTON: WESTERN ROAD.
[*Price* 4*s.* *per* 100.]